

Cairt na Cloinne son Cùraim-chloinne Aois-sgoile

Tha A Place in Childhood agus Riaghaltas na h-Alba air obrachadh le clann ann an sgoiltean air feadh Alba gus Cairt na Cloinne son Cùraim-chloinne Aois-sgoile ann an Alba a dhealbh. Mar phàirt den Chairt, dh'aontaich a' chlann air na prionnsapalan stiùiridh seo:

Tha e cudromach, ge be far a bheil an Cùram-cloinne Aois-sgoile, gu bheil a' chlann gu lèir a tha an sàs a' faireachdainn gu bheil spèis aig na sia prionnsapalan a leanas:

Coibhneas

(mar a tha sinn nar giùlain fhèin ri chèile)



Tha sinn a' faireachdainn gu bheil ceannardan cùraim-chloinne a' cur luach annainn, is tha seo soilleir anns na faclan is gnìomhan aca. Tha sinn air ar misneachadh a bhith coibhneil ri chèile, is gheibh thu ùine a-mach son droch ghiùlan ach cha tèid do chur a-mach!

Coimhearsnachd

(an dàimh a th' againn leis an t-saoghal a-muigh)



Tha a h-uile duine a' coimhead às dèidh a h-uile duine eile, is tha sinn ag amas a bhith ag obair mar sgioba. Tha sinn an còmhnaidh a' smaoinichadh air ar coimhearsnachd ionadail, a' lorg dhòighean obrachadh le muinntir eile na coimhearsnachd (òg is aosta) is an saoghal air fad. 'S toil leinn a bhith a' faighinn a-mach dhan choimhearsnachd ionadail airson ar cur-seachadan, is bu mhiann leinn gu mòr cothroman measgachadh le clann bho dh'aitichean eile.

Roghainn

(mar a nì sinn cinnteach gu bheil clann a' leantainn an co-dhùnaidhean fhèin)



Bu mhiann leinn roghainn a bhith againn anns na h-aitichean far an tèid sinn son cùraim-chloinne, son taghadh dè na cur-seachadan a thachair an sin, pàirt a ghabhail ann an cur-seachadan (no gun pàirt a ghabhail ann an cur-seachadan sam bith!), is cothroman cur-seachadan a leantainn sinn fhèin. Am measg seo tha a bhith a' gabhail pàirt ann an togail airgid, is ionnsachadh ciamar a thogas sinn dreuchdan is dleastanasan ùra fhad 's a dh'fhàsas sinn nas sine is nas eòlaich. Bu mhiann leinn cuideachd cothrom fhaighinn beachd a thoirt is daoine a bhith ag èisteachd rinn nuair a dh'fheumas bhòtadh son ceannardan, cur-seachadan, is a bhith a' dèanamh agallamhan le luchd-obrach ùra.

Toileachas

(mar a nì sinn cinnteach gu bheil a h-uile duine a' faireachdainn math)



Tha sinn a' faireachdainn math mu ar deidhinn fhèin is a' faighinn cothrom deagh bhiadh ith, fois a ghabhail, uallach a lùghdachadh, is tha cothroman againn a bhith a' cumail gnìomhach is rudan ùra fheuchainn. Tha sinn a' faireachdainn comhfhurtail an seo.

Spòrs

(mar a nì sinn cinnteach gu bheil ar cur-seachadan an còmhnaidh tlachdmhor is dùbhlanaich gu pearsanta)



Tha sinn den beachd gum bu chòir gach duine spòrs a lorg san t-saoghal. Tha feum againn air cur-seachadan a tha nan tlachd dhuinn, bhon ionnsaich sinn rudan ùra, is a bhios a' brosnachadh iongantais annainn. Tha e cudromach gu bheil seo a' faireachdainn eadar-dhealaichte ris an sgoil, is gu bheil sinn air ar n-aithneachadh is air ar duaiseachadh son ar soirbheachaidhean pearsanta. Thèid riosgan is buannachdan a chothromachadh gus a bheil ar cur-seachadan fhathast dùbhlanaich, ach aig an aon àm sàbhailte!

Cothromachd

(mar a nì sinn cinnteach gu bheil a h-uile duine air an gabhal a-steach is air an dèiligeadh leotha gu cothromach)



Tha còraichean a h-uile duine air an tuigse is a' faighinn spèis, is tha na riaghailtean is dè a tha an dùil bho gach duine air aontachadh gu soilleir leis a' chloinn anns gach àite. Tha tuigse aig ceannardan cùraim-chloinne air ciorraman is duilgheadasan faireachail, is mar sin tha a h-uile duine a' faighinn taic is a' gabhail pàirt.